

TIOTAL-OBACH	Neach-Cuideachaidh Leabharlainn
ROINN	Foghlam
AN URRA RI	Leabharlannaiche
UALLACH AIRSON	-
SGÈILE THUARASTAIL	
PRÌOMH ÀITE-OBACH	Sabhal Mòr Ostaig, Slèite, An t-Eilean Sgitheanach, IV44 8QR

PRÌOMH AMAS NA H-OBACH

'S e Ionad Nàiseanta Cànan is Cultar na h-Alba a th' ann an Sabhal Mòr Ostaig, a' Cholaiste Ghàidhlig anns an Eilean Sgitheanach. Tha Leabharlann an t-Sabhail Mhòir a' cumail taic ri feallsanachd agus obair na Colaiste a thaobh foghlaim, rannsachaidh, gnìomhachais agus innleachdais. 'S e leabharlann beag sònraichte a th' ann agus tha e mar phrìomh amas gum bithear a' tasgadh agus a' glèidheadh chruinneachaidhean a tha stèidhichte air cànan, eachdraidh agus cultar na Gàidhlig agus tha e fa-near gum bithear a' cur gu mòr ri dualchas na h-Alba. Tha sàr chruinneachadh de ghoireasan gan tasgadh anns an Leabharlann, eadar leabhraichean a chaidh a chur an clò anns na linntean as tràithe de dh'fhoillseachadh sa Ghàidhlig agus na goireasan didseatach as ùire. Tha an cruinneachadh iasaid a' cumail taic ri clàr-oide na Colaiste agus tha na Cruinneachaidhean Sònraichte gan aithneachadh aig ìre nàiseanta agus eadar-nàiseanta. A thuilleadh air a bhith ag obrachadh mar leabharlann foghlaim, tha Leabharlann an t-Sabhail Mhòir a' tabhann seirbheis nàiseanta don Ghàidhlig agus sinn a' freagairt cheistean on mhòr-shluagh a thaobh cànan, litreachas agus dualchas nan Gàidheal. Tha obair leasachaidh agus leudachaidh a' dol an-dràsta agus tha feum air neach-obrach ùr. Bidh an neach ùr na phàirt de sgioba beag agus bithear a' libhrigeadh seirbheisean agus goireasan (clò-bhuailte agus didseatach) an Leabharlainn airson taic a chumail ri teagasg is ionnsachadh aig a' Cholaiste agus airson taic a chumail ri Sabhal Mòr Ostaig agus a chuid dhleasan mar Ionad Nàiseanta Cànan is Cultar na Gàidhlig.

PRÌOMH UALLAICHEAN

Thathar an dùil gum bi an neach-obrach a' liubhairt raon iomlan de sheirbheisean riatanach a leithid:

- taghadh, cruinneachadh agus mìneachadh ghoireasan ann an iomadh riochd, airson taic a chumail ri ionnsachadh, teagasg agus rannsachadh;
- clàradh agus sònrachadh chruinneachaidhean airson clàr chruinneachaidhean a thoirt gu buil agus goireasan a lorg anns a' chruinneachadh;
- stiùireadh cuairteachadh nan goireasan tro Shìostam Stiùiridh Leabharlainn mar eisimpleir airson deagh rian a chumail air iasadan, nithean fadalach agus nithean cailte;
- stiùireadh glèidheadh is cleachdadh chruinneachaidhean sònraichte a tha cudromach gu h-eachdraidheil agus gu nàiseanta;
- cumail taic ri lorg ghoireasan agus sgilean fiosrachaidh, mar eisimpleir, le bhith a' toirt seachad sheiseanan intrigidh agus comhairle air cleachdadh nan goireasan dealanach a tha a' sìor-dhol am meud;
- tairginn seirbheis lethbhreac didseatach / puist do luchd-ionnsachaidh air astar aig SMO agus iasadan eadar-leabharlannan do lìonra OGE;
- tairginn sheirbheisean poblach, mar eisimpleir, le bhith a' freagairt cheistean agus a' cur air dòigh thachartasan poblach leithid taisbeanaidhean, leughaidhean is tursan leabharlainn.

Tha co-ionannachd chothroman aig cridhe Shabhal Mòr Ostaig

A thuilleadh air seo, bidh an neach-obrach a' cumail taic ri leasachadh prìomh sheirbheisean a leithid:

(1) Seirbheisean didseatach agus eadar-lìn agus

- leasachadh susbaint is seirbheisean lìn a chumas taic ri àireamh de luchd-ionnsachaidh air astar a tha a' dol am meud;
- obair dhidseatach airson adhbharan glèidhidh is cleachdaidh mar eisimpleir cruthachadh ìomhaighean (agus comasach air OCR), mion-fhiosrachaidh is glèidheadh sheataichean dàta;
- cruthachadh thaisbeanaidhean didseatach;
- stiùireadh obair atharrachaidh agus a' cur seann chruinneachaidhean lèir-chlaisneach ann an cruthan ùra;
- stiùireadh dàta tro shiostaman fiosrachaidh OGE a leithid REBUS (liostaichean leughaidh), PURE (rannsachadh), Cleachdadh Fosgailte agus stòran-dàta CLA (co-aontachadh);
- cumail ri atharrachaidhean ann an teicneolas didseatach.

(2) Conaltradh, sanasachd is margaideachd:

- leudachadh cleachdadh nan cruinneachaidhean tro cho-obrachadh foghlaim nas dlùithe, conaltradh, sanasachd agus margaideachd.

Dleastanasan eile

1. coileanadh dleastanasan leabharlainn a rèir feuman na seirbheis, mar eisimpleir, grunn phròiseactan gan cur an sàs le luchd-obrach foghlaim no a' Chomataidh Chomhairle a leithid cruthachadh ghoireasan, eachdraidh leabhraichean is sgrùdadh corpais;
2. trèanadh agus stiùireadh oileanach a tha ag obair san Leabharlann
3. gabhail ri poileasaidhean na Colaiste, gu h-àraid Poileasaidh Cànan, Slàinte is Sàbhailteachd agus Cothroman Co-ionnan.
4. tuigse air còraichean-sgrìobhaidh, còraichean-seilbh agus gnothaichean cead.
5. cumail ri ìrean àrda de chùram luchd-cleachdaidh
6. A' coileanadh agus a' leasachadh deagh -ghnè na Colaiste
7. Obair iomchaidh sam bith eile a dhèanamh mar a bhios feum aig a' Cholaiste bho àm gu àm.

Seo tuairisgeul air an obair mar a tha e. Sa chumantas thèid beachdachadh air seo bho àm gu àm gus dèanamh cinnteach gu bheil e iomchaidh agus gus atharrachaidhean sam bith a dhèanamh. Thèid seo a dhèanamh leis an neach-obrach agus am manaidsear aige/aice agus mar sin thathas a' sùileachadh gun gabhar pàirt anns na còmhraidhean seo. Tha Sabhal Mòr Ostaig ag iarraidh gun gabh cùisean aontachadh leis gach neach ach far a bheil seo do-dhèante, tha còraichean aig Sabhal Mòr Ostaig air atharrachaidhean ciallach a dhèanamh a rèir tuarastal an neach-obrach às dèidh bruidhinn ris/rithe mun chùis.

Giblean 2017

Tha co-ionannachd chothroman aig cridhe Shabhal Mòr Ostaig

Fiosrachadh Cudromach Eile:

- Bithear ag obair 35 uairean san t-seachdain
- Gheibhear 35 saor-làithean sa bhliadhna (a' ruith bho 1 Faoilleach – 31 Dùbhlachd) a' gabhail a-staigh 10 latha aig àm na Nollaige agus Saor-làithean Poblach
- Ann a bhith a' cuideachadh luchd-obrach le an cuid leasachaidh phearsanta, comasan obrach agus feumalachdan trèanaidh, gheibhear measadh obrach gach bliadhna le ur Manaidsear.
- Feumar seiseanan trèanaidh riatanach a fhrithealadh agus coinneamhan mar a bhios iomchaidh. Gheibhear fiosrachadh ron àm.
- Tha Sabhal Mòr Ostaig làn taiceil a thaobh leasachadh na Gàidhlig agus gheibhear a h-uile cothrom ur cuid comasan cànan a leasachadh
- Tha sgeama pheinnsein aig a' Cholaiste
- Mus tèid ur fastadh bith agaibh ri dhol tro sgrùdadh Disclosure agus their iarraidh air teisteanasan

Iarrtasan:

Tillibh am foirm-iarrtais agaibh gu:

Roinn Sgiobachd
Sabhal Mòr Ostaig
An Teanga
An t-Eilean Sgitheanach
IV44 8QR
No air post-d gu obair@smo.uhi.ac.uk

Ceann-là airson iarrtasan: 12 Cèitean 2017

Tha co-ionannachd chothroman aig cridhe Shabhal Mòr Ostaig

Amas na Colaiste

Tha Sabhal Mòr Ostaig airson a bhith na shàr ionad aig cridhe leasachaidhean ann an cànan agus dualchas nan Gàidheal le bhith a' tairgsinn deagh chothroman foghlaim, trèanaidh agus rannsachaidh tro mheadhan na Gàidhlig agus le bhith a' dol an sàs gu h-innleachdach còmhla ri daoine eile, luchd-gnìomhachais agus a' choimhearsnachd air fad gus leasachaidhean sòisealta, dualchasach agus eaconamach a chur air adhart.

Fiosrachadh mun Cholaiste

Tha àrainn oideachaidh air leth aig Sabhal Mòr Ostaig. Tha na cùrsaichean agus a' Cholaiste gu lèir gan ruith tro mheadhan na Gàidhlig - an aon Cholaiste den t-seòrsa seo an Alba. Tha a' Cholaiste ann an Slèite anns an Eilean Sgitheanach, sgìre a tha ainmeil airson bòidheachd na h-àrainneachd.

Chaidh a' Cholaiste a stèidheachadh ann an 1973 agus bhon uair sin tha i air cliù a chosnadh air feadh an t-saoghail mar ionad airson cànan agus cultar na Gàidhlig. 'S e colaiste spèisealta a th' innte, a' tabhann foghlam àrd-ìre, foghlam leantainneach agus cothroman rannsachaidh. Tha Sabhal Mòr Ostaig mothachail air cho cudromach 's a tha bunait làidir airson a' chànain, a' chultair agus nan ealan agus tha e an sàs ann an iomadh pròiseact gus seo a thoirt air adhart.

'S e colaiste ùr-ghnàthach a th' ann an Sabhal Mòr Ostaig agus tha e na chom-pàirtiche acadaimigeach air OGE nam Mìle Bliadhna. Tha goireasan ionnsachaidh air leth ann, leabharlann sònraichte fhèin math agus tha àiteachan-fuirich agus ionad cùraim chloinne air an àrainn.

Aig a' cheart àm, tha còrr is 100 oileanach clàraichte air cùrsaichean làn-thìde, mu 350 air cùrsaichean air astar agus bidh suas ri 1,000 oileanach a' clàradh air cùrsaichean goirid gach bliadhna. Bidh deagh mheasgachadh de dh'oileanaich a' tighinn don Cholaiste, aig diofar aoisean agus às diofar àiteachan. 'S ann às Alba agus an Rìoghachd Aonaichte a bhios a' mhòr-chuid ach tha oileanaich air tighinn thugainn às na Stàitean Aonaichte, dùthchannan Eòrpach agus Àisia cuideachd.

Tha luchd-ceumnachaidh an t-Sabhail air a dhol air adhart gu dreuchdan Gàidhlig ann an iomadach gnìomhachas, a' cur nan sgilean aca gu feum ann an leasachadh a' chànain.

'S e stèidheachd ionnsachaidh bheothail, adhartach a th' ann an Sabhal Mòr Ostaig, a bhios ag amas air coimhearsnachd Ghàidhlig làn mhisneachd is soirbheachais a bhrosnachadh. Bidh fàilte chridheil romhaibh ann.

Barrachd Fiosrachaidh

Airson barrachd fiosrachaidh mun Cholaiste, theirigibh gu www.smo.uhi.ac.uk no, ma tha ceistean sònraichte agaibh, cuiribh fòn no post-d gu Cairistiona NicCoinnich, 01471 888 200 no obair@smo.uhi.ac.uk.

Tha co-ionannachd chothroman aig cridhe Sabhal Mòr Ostaig